# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

## BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR FÀILTE AIR TAIC AN RIAGHALTAIS DHAN GHÀIDHLIG

**07 An Dùbhlachd 2009**

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann poblach le uallach airson leasachadh na Gàidhlig, air fàilte a chur air an taic a nochdas Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam Micheil Ruiseal dhan chànan a nochd. A' bruidheann aig Òraid Bhliadhnail an t-Sabhail anns an Eilean Sgitheanach (Diluain, Dùbhlachd 7), canaidh Mghr Ruiseal "nach urrainear a dhol as àicheadh na Gàidhlig mar phàirt de ar dualchas" agus gu bheil e "ceart gun rachadh a' Ghàidhlig fhaicinn agus a chluinnntinn." Thuirt Cathraiche a' Bhùird Art MacCarmaig gu bheil an òraid gu bhith "farsainn, le beachdan fìor chumhachdach agus làidir na theachdaireachd gu buidhnean Gàidhlig agus Coimhearsnachd farsainn na h-Alba gluasad air cùisean." Chuir Mghr MacCarmaig fàilte cuideachd air beachd gum bu chòir a bhith ag amas nas cinntiche air ionnsachadh na Gàidhlig. Thuirt e: "Tha sinn a' cur fàilte air an impidh a tha a' sìor nochdadh bhon Riaghaltas an Alba mu choinneimh an taic dhan Ghàidhlig, a' stèidheachadh slighe romhainn a bhios beothail, tèarainte agus maireannach. 'S e ceum gu math cudromach a tha seo ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid uile-rùn Phlana Nàiseanta na Gàidhlig a thoirt gu ìre, mar dhòigh cuideachd air a bhith a' deisealachadh airson an ath Phlana. Tha am Ministir a' gEalltainn gun tèid barrachd a dhèanamh airson a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig agus tha e ag iarraidh air ùghdarrasan ionadail agus Coimhearsnachd na Gàidhlig co-obrachadh ach am buinnig iad le chèile rùintean a tha reusanta a thaobh follaiseachd agus modhan pragtigeach airson a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. Tha mi cuideachd a' gabhail ris na tha e ag ràdh mu bhith èifeachdach agus sùbailte nar dòighean obrach agus tha sin air a bhith na dhùbhlan nach gabh seachnadh." Dh'innis an Cathraiche cuideachd gu bheil e am beachd a' Bhùird Plana Gnìomh a thoirt dhan Mhinistir le uallach airson na Gàidhlig a' mìneachadh na ceumanan pragtigeach a thathas ag iarraidh a ghabhail airson amasan a' Phlana Nàiseanta a thoirt gu ìre ann an dòigh nas luaithe na bhathas a' sùileachadh. Thuirt e "Chan eil am Plana seo idir a' cur às dhan Phlana Nàiseanta. S ann a tha e a' cur impidh air, agus gar gluasad aig astar, taobh staigh gach stòras a tha ri fhaotainn an dràsta. Bidh sinn an dùil barrachd de ar stòras a chleachdadh tron luchd-ionnsachaidh. Tha sinn air a bhith an coluadar le na buidhnean a tha an dràsta a' lìbhrigeadh leasachadh na Gàidhlig agus bidh sin a' leantainn aig coinneamh de na buidhnean anns an t-Sabhal Mhòr a-màireach. Bidh am Bòrd fhèin a' deasbad a' Phlana Gnìomh air an 15mh dhen mhìos seo

agus tha mi an dòchas gum bi e an làmhan a' Mhinistir ron Nollaig. Bheireadh sin dhuinn cothrom gluasad le sìnteig dhan Bhliadhn Ùir, agus bu chòir gum biodh an loidhn' ùr a tha sinn a' toirt air structar a' Bhùird deiseil agus an luchd-obrach ùr againn uile air am fastadh. Bidh sinn ag obair gu dlùth leis an Riaghaltas a dhèanamh cinnteach gum bi Plana Gnìomh againn a bhios adhartach agus beachdail le amasan agus ceann-uidhe gu math soilleir."

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

# BÒRD NA GÀIDHLIG WELCOMES MINISTER'S CALL FOR ACTION ON USING GAELIC

**07 December 2009**

Bòrd na Gàidhlig, the principal public agency with responsibility for developing Gaelic, has welcomed the support for Gaelic expressed by the Cabinet Secretary for Education Michael Russell MSP. Speaking at Sabhal Mòr Ostaig in Skye tonight, delivering the annual Sabhal Mòr Lecture, (Monday, December 7) Mr Russell will describe Gaelic as "an undeniable element in our heritage" and say "it is right that Gaelic should be seen and heard." Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair) Arthur Cormack described the Cabinet Secretary's speech as "wide-ranging, trenchantly expressed and forceful in its call for action to Gaelic bodies and the wider Scottish Community". Mr Cormack also welcomed the Government's support for a re-focusing of effort to attract more people to learning Gaelic. He said: "Bòrd na Gàidhlig has acknowledged the need for decisive action and looks forward to refocussing efforts on Gaelic learning with the clear support of the Scottish Government. This is a welcome step in ensuring the fullest possible delivery of the current National Plan for Gaelic, and in laying the groundwork for the next one. The Cabinet Secretary has given a clear commitment to increasing the usage of Gaelic and he has called on local authorities and the Gaelic speaking community to work together to achieve reasonable aspirations in terms of the visibility and practicality of using the language. I also recognise his calls for rationalisation and the avoidance of duplication and this is a nettle we must grasp." Mr Cormack also confirmed that it is the Bòrd's intention to submit an Action Plan to the Minister before Christmas detailing practical steps the Bòrd would like to take to accelerate ways of achieving the targets set out in the National Plan for Gaelic. Mr Cormack added: "This document will not replace the National Plan. What it will do is move certain priorities forward at a quicker pace, within the current resources available to us. It will propose allocating more of those resources to learning the language. We have engaged with the bodies currently delivering Gaelic development over the last few months about the issues involved and will do so again at a meeting of the Gaelic organisations this week. The Bòrd will discuss these matters on December 15 at its Board meeting and I anticipate the Action Plan being on the Minister's desk by Christmas. Hopefully we can then advance matters at a significant pace in the New Year, by which time the restructuring of Bòrd staff and re-focussing of Bòrd activity should be complete." "We will work closely with the Scottish Government to ensure that an action plan can be published by the Minister later this year that will contain ambitious proposals and clear outcomes."

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454